




Sùithean 1

Bha Sùithean an cat cho dubh ris an t-sùith. Bha e a' fuireach ann an taigh Granaidh agus uaireannan bhiodh Granaidh a' trod ris. Bha e a' cadal a-staigh fad an latha ach bha e a' dol a-mach a h-uile oidhche. Bu toigh leis a bhith a' sealg air an oidhche.

Aon latha leum e suas air a' bhòrd agus thòisich e ag òl às a' mhuga bainne.

Chuala e Granaidh a' tighinn agus leum e sìos. Bhuail e am muga le earball agus thòisich am bainne a' dòrtadh. Ruith Sùithean a-mach agus ruith Granaidh às a dhèidh. Bha Granaidh ag èigheachd. "Ma gheibh mise grèim ort, a pheasain dhuibh!"





Sùithean 1

Lìon na beàrnan.

earball / bainne / dòrtadh / a' ruith / ag èigheachd

1. Bha Sùithean ag òl

2. Leag e am muga le

3. Bha am bainne gu lèir a'

4. Thòisich Sùithean

5. Thòisich Granaidh



Sgrìobh anns an òrdugh cheart.

1. a' bhòrd / Sùithean Leum / air.

.....

2. bainne / Thuit / muga / am.

.....

3. a' ruith / Sùithean / Bha.

.....

4. Granaidh / a' ruith / cuideachd / Bha.

.....



Sùithean 1

Ceart

Ceàrr

1. 'S e cat beag, geal a bh' ann an Sùithean.

2. Bhiodh Granaidh a' trod.

3. Bha Sùithean a-muigh fad an latha.

4. Bha e a' cadal air an oidhche.

5. Bha e a' sealg air an oidhche.

6. Leum e suas dhan uinneig.

7. Thòisich e ag òl bainne.

8. Leag e am muga le spòg.

9. Bha Granaidh ag èigheachd.

10. Ruith Sùithean suas an staidhre.

